

NATIONAL  
LIBRARY  
OF SCOTLAND

Hall 132 to 3(1-3)





148

62

Hall. 133. R. 3(1-3).

3rd fl.  
8/6

# LITIR MHISNICH

DO 'N

## FHOGARRACH AN AMERICA.

AIR FONN :—“*Dochas a' Chreidmhich.*”

AN Tobarmhoire dh' fheuch mi  
Ri rian chur air na facail so,  
'An litir ni mi briathran  
Le riaghailt chur an rannaibh dhuit;  
An deicheadamh là de 'n bhliadhna,  
Aon mhìl' agus ochd ciad, an  
Dà fhichead agus sia deug;  
'S mi 'miannachadh 'bhi labhairt riut.

Mo ghaol crt féin a bhràthair—  
'S tu tha mi 'g ràdhtuinn Alasdair—  
Bu mhaith leam a bhi lamh riut,  
Ged sann a tha mi fada bhuaite:  
Tha eolas agus càirdcas  
Ga m' cheangal ann an gràdh riut;  
'S cha d' fhuair neach eile 'n t-àite,  
Am aignibh blàth a bh' agad-s' aint'.

Ged tha sinn sgairte 'n tràth so,  
Cha 'n 'eil aon àrach againn air,  
Mur faic mi thu 'san fhàsach,  
No 'n àit-eiginn 'an Canada:  
Tha mo dhochas làidir,  
An deigh an saoghal-s' fhàgail  
Gu 'n coinnich sinn am Phàras,  
'S an sin gu bràth cha dealaich sinn.



Gur soilleir h-uile là dhinn  
 Nach àite so gu fanachd ann;  
 Ged leigeadh daoine tèmh dhuinn  
 Cha'n fhàg am bàs ann fada sinn;  
 Ach tha tìr Chanàin  
 Na rìoghachd a tha ni's fearra,  
 'S theid sinn a suas gun dàil innt',  
 A's tha e làn do bhcannachdan.

Si sud an rìoghachd àghmhòr  
 'Sam bhéil luchd-àitich maitheasach;  
 Cha bhi uaehdrain stràiceil  
 A' spùineadh chàich le an-ioehd innt'.  
 Cha'n fhaie iad maoir le bàrlinn,  
 'S cha'n fhaobhaicheadh le mèl iad,  
 'S cha'n fhuadaicheadh o'n càirdean  
 An sluagh is àbhaist tathaich innt.

Ma theid daoin'-uaisle 'n àit-s' innt'  
 Cha ghnàthaich iad na cleachduinnean  
 Choimh-lion iad thaobh na'n càirdean  
 A sgànnr iad as na bailtean so;  
 Oir eaochl'ar staid a's àbhaist.  
 Gach duine 'theid do'n àit ud—  
 Mar mheudaicheadh an àireamh  
 Bidh saibhreas chàich a' pailteachadh.

O'n's dùthaich i'tha luachmhòr,  
 'Se uaislean tha air fad innte;  
 Ged bha iad bochd nan trughain  
 Mn'n d' fhuair iad ann an gealladh i,  
 Cha ghamm a rinn iad għnasad  
 A dh'imeachd air a tuairmeas  
 Na chunnaic iad dhi tuaileas,  
 'Sa fhuair iad oirre barandas.



O'n thugadh dhoibh mar earlais,  
 An séud a dh'fhàg a mhais orra,  
   'S a ehir an Spiorad seul' orr',  
 A's obair ghréis le h-ealantaehid ;  
   Tha ìomhaidh 'n Athar neamhaidh  
 Ag inns' an dàimh r'a ehéud-ghin,  
   'S gu'r h-oighreahan air féin iad,  
 'S tha ainm an Dé 's na cathrach orr'.

Cha d' theid aon pheach gniomha  
 A steach do thìr Emanuel,  
   Aeh a mheud 's a dh'iundrinn  
 Na rioghaechd air an talamh dhiubh ;  
   Ged gheibheadh iad dol innte,  
 'S iad nadurra neo-ioimpacht',  
   Bhiodh fuath aca d,a h-iochdrain,  
 'S bhiodh glòir an Rìgh na pheanas doibh.

Nach truagh g' bheil sluagh 's an fhàsach  
 A ghleidh a' ehàisg gu fasanda,  
   'Cur suarrach meas Chanàain,  
 Ged 'thug Càleb bagaid as ;  
   Aeh 's maith gu'n theich air Pharaoh  
 Clann bheag a lean an àiree  
   Næh riaraich eneamh an èaileahd,  
 'Sam miann air almoin Phalestin.

Cha'n e 'n Canàain talmhaidh,  
 Oir b' anmhunn e mar fhaileas dha,  
   Mu'm bheil mi 'n tràs a' seanaehas,  
 Ged b' anabarrach am fearann e ;  
   Aeh an rioghachd dhealraeh  
 'S bheil Iosa 'sa luchd-leanmluinn,  
   'S an d' f'hàgadh fois d'an anamaibh,  
 'S e h-aon d'a h-ainmibh, Flaitheanas.

Ma thug e còir 'n a ghràdh dh uit  
 Air tìr na Sàbaid mhaireannaich,  
 Tha fad os ceann gach àmhghar  
 Tha nàdurra do'n bheatha so ;  
 'S ann agad tha'n cean-fàth air  
 Bhi togail dha Hosanah,  
 Sa seinn air cliù a ghràis thug  
**A** leith'd do dh'ait' a nasgaidh dhuit.

Nach fhiach dhuit feithcainh sàmhach,  
**A'** cleachduinn gràs na faighidinn ;  
 Ged bhiodh do thuras cràitcach,  
 Troimh 'n àite th' air a mhallachadh ;  
 Thig beannachadh o'n àrd-righ,  
**A'**s comhfhurtachd á shlàinte,  
 Tre mothach thu a lài'reachd,  
 'Sa suas a thàirneas t' aigne leis.

Ged tha thu fad o d' chàirdean,  
 'S do bhràthair gc do dhealaich riut,  
 On' fhuair thu creideamh Abr'am  
 Tha Dia do ghna na charaid duit.  
 Mar thug e tomhas slaint' dhuit  
**A** chosnadhl t'arain làitheil,  
 Cha treigear leis gu bràth thu  
 Gus 'n toir e sàbhailt dhachaидh thu.

Na meas mi mothach 's dàna  
 Ged nochd mi 'chàch mo bheachdan ort.  
 Mu dh'f hirinnich saor ghràs thu  
 Cha nàraigear le ceartas thu ;  
 Biodh agad misneach làidir,  
 Tha t'f hiachan uile pàighe—  
 Air t'Urras cha d'thig faillinn,  
 Na rinn 's na tha e 's leat-sa sin.

Na biodh do shniùl a'd' dheigh  
 Air an Eiphit rìs na dhealaich thu,  
 Oir's aithne dhuit an éiginn,  
 'S bheil créutairean a dh' fhan innse;  
 Tha gorta, daors', a's réubainn,  
 Toirt orr' bhi seinn an leirchreach!  
 Fir-ionaid uachdran's cléirich,  
 Gu h-éucorach gan teannachadh.

Tha coimhairsnaich 's luchd-eòlais  
 A dh'fhuirich beo 's is aithne dhnit,  
 'San àite so gun sòltrum,  
 Fo f'hòirneart a's fo eallaehaibh;  
 Ach tha'n aiteam shonraieht'  
 A dh'amais air an Neomhnuid  
 Air uairibh làn do shòlas  
 Am meadhon bròm a's aim-beairteis.

'S nach airidh Dia air cliù bh'naimh  
 Cho fhad 's bhios tùr a's aithn' agaimh,  
 A chuir 'n ar n-anam iunndrainn  
 An deigh an ionmhais f'holaithe;  
 Ged bhios sinn tamall tòrsach—  
 Fo aimheal a's fo chùram—  
 Bheir esan aoibhneas ùr dhuinn  
 'N uair ni e 'ghnùis a thaisbeanadh.

On' dh'f'hàg thu mis' an Alabainn  
 'S tric freasdail shearbh a' tachairt riùm,  
 Bu lionmhòr oiteag ghaileach,  
 'S tonn ana-meineach chaidh tharum ann;  
 Ach th'agam acair dhearbhata,  
 'S tha greim aic anns an ailbhinn,  
 'S a dh'aindeoin gaoith a's fairge  
 Cha spealgar air a' chlàdach mi.

A's tha mo lòng do mhillte,  
 Oir 's tiodhlac nach gabh ceannach i,  
 Cha bhàth a' mhuir no'n dìl' i  
 Dh'aon seòrsa sìd ga'n amais rinn ;  
 A's tha mo Sgiobair fior mhaith,  
 'Se is Ceannard air *Fleet Shioin*,  
 'N uair bheir e sinne 'n tìr ud  
 'N sin chi thu mi gun amharus.

'N uair bhios an cuan 's na spéuran,  
 'S gach dùil a' scídeadh bhagraidhean,  
 'Se 'riaghlas dhomh leis féin i  
 'N uair thréigear leis gach caraid mi ;  
 Na h-uisgeachan le'in béucaich  
 Ged rachadh thar nan sléibhteann,  
 'S e ghealladh dhomh nach tréig e,  
 'S gu'n toir e féin do'n chaladh mi.

Mu'n sguir mi rint a sheanachas  
 Gu'n ainmich mi le tairisneachd,  
 Gu'n do shiubhail Fearachar,  
 'S mu'n d'fhalbh e bha e' labhairt riùm ;  
 A's dh'aidich e gu dealbhach  
 A chreideamh bhi neo-chcalgach,  
 'S air carraig gu'u robh earbsa  
 Mar dhearbh e o cheann f'hada bhi.

'S gu'n shuidhich e gu tùrail  
 A chùrsa mar dhcagh mhabraiche  
 Air combaist na 'Tiомн' ùire,  
 'S gu'n robh shùil gu mean oirre—  
 Gu'n d'thug e suas a chùiscean  
 Do Iosa bha 'g a stiùradh,  
 'S o n' 's esan bu cheann-iùil da  
 Cha chùram gu'n do chailleadh e.

O'n thug e comhl' ris fein e  
 Nach éibhinn da gu'n d' lean c ris ;  
 'S gu'n d' bhuanach e gu tréubheach  
 Gu ceann a réis gun fhannachadh :  
 Bu sholas bhi ga éisdeachd  
 Toirt glòir do'n Uan a chéusadh,  
 'Sa léighis o gach éucail  
 Le fuil a chréuchd gu fallan e.

Ach 's muladach an àireamh  
 A dh' fhalbh le plàigh 's le an-shocair,  
 'S do shaoghal cilc dh' fhàg sinn  
 Gun colas c' àit an rachadh iad ;  
 Ach iad-san 'theich gu Ràmot \*  
 Tha iad gn sona sàbhailt',  
 'S cha chuirear as gu bràth iad—  
 Cha bhàsaich an t-Ard-shagart ann.

Biodh-mide 'n ar luchd-leanmhuinn  
 Re fad ar n-aimsir charraidich,  
 'S ann air na creidmhich ainmeil  
 Tha 'scalbhachadh nan gcallainean ;  
 'S bidh sinn gu sìorrnidh 'faireachdain  
 Gu bheil an diadhachd tarbhach  
 Do chuirp cho maithi ri ariamaibh  
 'N uair dh'aimseas iad 's an aiseiridh.

Tha'n caglais a rinn t-àrach  
 A lathair anns a' bhaile so,  
 Tre'n litir so 'eur fàilt ort  
 'S air càirdean a tha'm fagus dhuit ;  
 A's cha'n ann oirbli-sc 'mhaïn,  
 Ach air sliochd an dara h-Adhamh,

---

\* Am baile didein an taobh a bhos do fordan : 'se sin ri radh  
 bhi ann an Criod an taobh so do'n bhàs.—LOSUA, xx. 8.—AIR.  
 xxxv. 25.

Tha 'giulan ann' a nàduir  
'S na h-uile àit am faighear iad.

Thoir beannachd uam gu d' chàirdean—  
Do bhràthair a's do pheathraichean—  
Gu Raoghal 's a ehuid phàisdean,  
'S gu càch gun eadar-dhealachadh :  
Thoir carail ann an gràdh dhoibh  
Gu pilleadh ris an t-Slànuighear,  
Gu f'fios nach d' thig am bàs orr',  
A's iad gun ghràs, gun aithreachas.

Cuir litir ann an éirig  
Na te so 'nall gu cabhagach ;  
Thoir fios mn d' thiomchioll fein domh,  
'S mu dhéinibh na bheil maille riut :  
Mu bheir i 'n àm dhomh léunghadh  
Gu m' chuimhnc cainnt do bhéil rium,  
Is ann is mò a h-éifeachd  
Gu m' ghléusadh o bhi airsncalach.

Cha dean mi ann am bàrdachd  
An còrr an tràth so aithris dhuit,  
'An dùil air taobh mo shlàinte  
Gu'n cuir mi fàilte f hathast ort ;  
Aeli co-dhunaidh mi'n dàn so,  
A' guidhc soraidh slàn leat,  
Is misc t'Eachann gràdhach,  
'S do bhràthair anns an aideachadh.









